

Bho Bhangkok gu Singapore air an International Express

Àm meòrachaidh air ceistean eadar-nàiseanta

...Chuala mi mu cheannairc Ioslamach ann an ceann a deas Thailand, ach leugh mi air blogaichean gun robh an "International Express" sàbhailte. Anns an leabhar-iùil agam tha mi a-nis a' leughadh gu bheil an trèana seo "off limits" air sgàth cheannairc. A' coimhead mun cuairt tha mi toilichte nach eil mi nam aonar mar Eòrpach. Tha an duine air taobh thall na trannsa ag innse dhomh gur ann à Hat Yai a tha e, mòr-bhaile ann an ceann a deas na dùthcha. Chan eil sin a-nis fada às. Tha esan a' dol dhachaigh airson beagan làithean. Tha mi a' cur na ceist air am bu chòir dhomh a bhith draghail mu cheannairc agus sinn a' faicinn barrachd luchd-tèarainteachd air bòrd. Ach tha e ag ràdh gu bheil riaghaltas arm Thailand air ceannardan nam buidhnean-cheannairc a chur an grèim agus gu bheil an dùthaich a-nis sàbhailte.

Ann an Hat Yai thig teaghlach Muslamach air bòrd agus iad a' suidhe sìos faisg orm. Tha coltas orra gu bheil iad fosgailte ri còmhradh agus le sin tha mi a' cur na ceist orra cò às a tha iad. Thug boireannach òg le clò ma ceann ainm air choreigin dhomh. Dar a tha i a' faicinn nach eil sin a' ciallachadh sìon dhomh, tha i a' cur ris: "Far a bheil na bomaichean," le gàire air a h-aodann.

Tha sinn a' teannadh dlùth air crìoch Mhalàisia is tha sin na fhaochadh dhomh. Tha fear-siubhail Eòrpach eile ag ràdh gur e seo an t-àm na drogaichean agad a chur bhuat. Gu h-obann thig smuain a-steach orm gun robh còir agam dèanamh cinnteach nach do chur duine droga a-steach dhan bhaga agam. Tha Malàisia aithnichte airson cho cruaidh 's a tha iad air daoine a thèid a ghlacadh le drogaichean. Ma tha barrachd is 40g de chocaine agad, feumar do chur gu bàs. Ach tha e ro fhadalach a-nis agus fàilte bhlàth ga chur oirnn le seirbheis cusbainn Mhalàisia...